

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## An Teine Mòr (5)

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.macleon@bbc.co.uk](mailto:rodny.macleon@bbc.co.uk). This is Litir 829. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 525 corresponds to Litir 829.*

Nuair a bha an latha is bliadhna seachad, thàinig an Droch Fhear a dh’iarraidh a’ ghobha. ‘Foighidinn bheag, a dhuine,’ ars an gobha, ‘gus an cuir mi crìoch air an obair agam. Ma tha cabhag ort, ’s fheàrr dhut làmh-chuideachaidh a thoirt dhomh. **Beir air an òrd mhòr** agus thoir buille no dhà air an iarann seo.’

Rug an Droch Fhear air an òrd mhòr. Mun tug e trì buillean air an iarann, lean a làmhan ri cas an ùird, lean an t-òrd ris an innean, agus lean an t-innean ris an ùrlar.

‘Tha mi an sàs agad,’ thuir e.

‘ ’S tu a thà agus, mus fhaigh thu às, feumaidh tu a bhith umhail dhomh,’ ars an gobha.

‘Leig às mi agus bheir mi dàil latha is bliadhna dhut, agus am pailteas de dh’òr ’s de dh’airgead mar a bh’ agad roimhe,’ ars an Droch Fhear.

‘Air a’ chùmhnannt sin, leigidh mi às thu, agus bi falbh às mo shealladh,’ thuir an gobha. Chuir an gobha agus a theaghlach a’ bhliadhna ud seachad ann an sunnd ’s ann an cridhealas. Air an latha ainmichte, ge-tà, thill an Droch Fhear. Dh’fhan e taobh a-muigh doras na ceàrdaich agus dh’èigh e, ‘Thig a-mach, a ghobha, agus bi falbh còmhla rium.’

Chaidh an gobha a-mach. ‘Chan iarr mise de dhàil an-diugh,’ thuir e, ‘ach fhad ’s a bhios mi a’ toirt dhìom na feusaig agus a’ cur deise ghlan umam.’

‘Cha dealaich mi riut a muigh no mach,’ ars an Droch Fhear.

‘Chan eil mi ag iarraidh sin ort. Faodaidh tu suidhe làimh rium anns an t-seòmar fhad ’s a bhios mi gam dhèanamh fhèin deiseil,’ ars an gobha.

Lean an Droch Fhear an gobha a-steach don t-seòmar anns an robh an gobha agus e fhèin a nighe. Dh’iarr an gobha air suidhe air cathair. Thug an gobha an fheusag dheth fhèin agus chuir e deise ghlan uime. Nuair a bha e deas, thuir e, ‘**’S fheàrr dhuinn falbh.**’

Cha b’ urrainn don Droch Fhear èirigh far na cathrach. Lean e ris a’ chathair agus lean a’ chathair ris an ùrlar.

‘Tha mi an sàs agad a-rithist,’ ars an Droch Fhear.

‘Tha thu,’ dh’aontaich an gobha, ‘agus chan fhaigh thu às mura geall thu dhomh nach tig thu gu ceann latha ’s bliadhna. Feumaidh tu mar an ceudna am pailteas de dh’òr ’s de dh’airgead a thoirt dhomh mar a b’ àbhaist dhut.’ Dh’aontaich an Droch Fhear gun dèanadh e mar a dh’iarr an gobha. Leig an gobha cead a choisè dha agus dh’fhalbh e.

Chaidh gnothaichean gu math leis a' ghobha 's le a theaghlach. Mu dheireadh, thàinig ceann na bliadhna. Thàinig an Droch Fhear ach cha d' rachadh e a-steach don cheàrdaich no do thaigh a' ghobha. Labhair e gu fiadhtha ris a' ghobha, agus thuirt e ris, 'Chan eil a-null no a-nall agad an-diugh. Feumaidh tu falbh còmhla rium an-dràsta.'

Dh'aontaich an gobha falbh còmhla ris.

Cha robh còmhradh sam bith eatarra car beagan ùine. Mu dheireadh, thuirt an gobha ris an Droch Fhear, 'Tha iad ag ràdh gun tèid agadsa air thu fhèin a chur ann an riochd sam bith a thogras tu.' Dè am plòigh a bh' aig a' ghobha an turas seo? Chì sinn an-ath-sheachdain nuair a chuireas mi crìoch air an stòiridh.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** umhail: *obedient*; plòigh: *strategy*.

**Abairtean na Litreach:** thàinig an Droch Fhear a dh'iarraidh a' ghobha: *the Devil came to look for the blacksmith*; foighidinn bheag, a dhuine: *a little patience, man*; gus an cuir mi crìoch air an obair agam: *until I finish my work*; 's fheàrr dhut làmh-chuideachaidh a thoirt dhomh: *you'd be better giving me a hand*; mun tug e trì buillean air an iarann: *before he had hit the iron three times*; lean a làmhan ri cas an ùird: *his hands stuck to the hammer's handle*; tha mi an sàs agad: *you have me stuck*; leig às mi: *let me go*; bheir mi dàil latha is bliadhna dhut: *I'll give you a delay of a year and a day*; air a' chùmhnannt sin: *on that basis*; ann an sunnd 's ann an cridhealas: *in good fettle and merriness*; taobh a-muigh doras na ceàrdaich: *outside the smiddy door*; fhad 's a bhios mi a' toirt dhìom na feusaig agus a' cur deise ghlan umam: *while I shave my beard and put on a clean suit*; cha dealaich mi riut a muigh no mach: *I won't leave you under any circumstance*; gus e fhèin a nighe: *to clean himself*; cha b' urrainn do X èirigh far na cathrach: *X couldn't rise from the chair*; mar an ceudna: *as before*; leig X cead a chois dha: *X let him go*; labhair e gu fiadhtha ri: *he spoke in an angry manner*; chan eil a-null no a-nall agad an-diugh: *you'll not get out of it today*; cha robh còmhradh sam bith eatarra car beagan ùine: *there was no conversation between them for a period of time*; gun tèid agadsa air thu fhèin a chur ann an riochd sam bith a thogras tu: *that you can disguise yourself as anything you want*.

**Puing-chànain na Litreach:** **Beir air an òrd mhòr: take hold of the sledgehammer.**

Beir is an irregular verb and, when meaning 'hold' or 'catch' (it also means 'bear' as in childbirth) it employs the preposition air. Other forms are rug mi air 'I took hold of', cha do rug sibh air 'you didn't take hold of it', beiridh tu air 'you will take hold of', ged a bheirinn air 'although I should take hold of', bheireadh iad air 'they would take hold of'.

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** 'S fheàrr dhuinn falbh: *we'd better be going*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA